

Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh MG ALBA

Oifisean Deloitte, Dun Eideann
Diardaoin 4 Gearran 2016, 0900-1200

Dreachd geàrr-chunntas

Bòrd: Daibhidh Brew (*sa Chathair*) Dùghall MacAmhlaigh
Donaidh MacAmhlaidh

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul (*Àrd-Oifigear*) Niall M Greumach (*Stiùiriche Ionmhais*)
Alan Esslemont (*Ceannard Phrògraman*) Chris Dòmhnallach (*Stiùiriche Obrachaidh*)
Iseabail Nic an t-Sagairt (*Stiùiriche Leasachaidh*)
Mairi Anna NicAonghais (*a' sgrìobhadh geàrr-chunntas*)

Gnothaichean gnàthach

1 Leisgeulan

Alasdair MacCaluim.

2 Gnothach Dearbhte

Cha robh gin.

3 Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh: 14/10/15

Aontaichte.

4 Gnothaichean ag èirigh

Plana-obrach bhliadhnail na Comataidh

Chaidh a chomharrachadh gum biodh seo a' nochdadh air clàr-chùisean na Comataidh dà uair sa bhliadhna (Gnìomh: MAMI)

5 Lèirmheas air an aonta le PACT

Bha pàipear air beulaibh Bhall agus chaidh deasbad a chumail. Chaidh aontachadh ùine a bharrachd a thoirt do PACT airson aithisg air beachdan na buill aca a chuir gu MG ALBA. Bhiodh soillearachadh an uair sin aig MG ALBA air dè na prìomh chuspairean a bha ag adhbharachadh

draghan/gearanan. Nam biodh draghan susbainteach a' nochdadh dh'fhaodadh àrd-choinneamh a chumail le muinntir PACT agus riochdairean neo-eisimeileach airson fuasgladh fhaighinn air cuisean.

Chaidh aontachadh gun dèanadh an Stiùiriche Ionmhais rannsachadh air dè thathas a' cosg air sìneadh ceadachas airson prògraman ath-chraolte (secondary period licences for repeats) anns na trì bliadhnaichean a dh'fhalbh agus cuideachd ro-aithris (forecast) a' dol air adhart. Thigeadh seo air beulaibh na Comataidh aig an ath choinneamh. (Gnìomh: NMG)

6 In-sgrùdadh riaghlaidh

Bha pàipear air beulaibh Bhall le fios gun deach an companaidh BDO a chuir an sàs agus chaidh seo a chomharrachadh. Dheigheadh an aithisg, agus freagairt na h-aithisg bhon Sgioba Àrd-stiùiridh, a chuir air beulaibh na Comataidh aig an ath choinneamh. (Gnìomh: NMG). Chaidh taing na Comataidh a thoirt seachad airson na h-obrach a chaidh a dhèanamh an lùib seo.

7 & 8 Sgrùdadh air Sgeama Tiomnachaidh & Sgrùdadh air Gnàth-riaghailtean

Bha pàipear air beulaibh Bhall agus chaidh deasbad a chumail. Chaidh a mholadh gum bu chòir na Gnàth-riaghailtean atharrachadh gus ùghdarras tiomnaichte a thoirt don Chomataidh Riaghailtean Ionmhasail agus Sgeama Rianachd na Buidhne a làimhseachadh. Chaidh a mholadh gun deigheadh an Sgeama Tiomnachaidh atharrachadh a rèir na Gnàth-riaghailtean.

Dheigheadh na h-atharraichean seo an cuir an cèill agus thèid an dà phàipear air adhart chun Bhùird airson aonta, le na h-atharraichean air an comharrachadh. (Gnìomh: DC/MAMI)

9 Fèin mheasaidh na Comataidh

Bha pàipear air beulaibh Bhall a' cur an cèill fèin-mheasadh fhoirmeil den Chomataidh. An dèidh moladh a thaobh atharrachadh no dhà sa bhriathrachas, thèid a lionadh le gach Ball den Chomataidh fa-leth agus thèid a thilleadh gu Cathraiche na Comataidh/Manaidsear Gàidhlig agus Corporra ro 31/3/16. An uair sin nì a' Chomataidh aon mheasadh air stèidh an fhios sin aig an ath choinneimh. (Gnìomh: MAMI). An dèidh seo, thèid a chuir fa chomhair a' Bhùird sa Chèitean, còmhla ri Plana Obrach na h-ath bhliadhna ionmhais (Gnìomh: MAMI). Dheigheadh seo a dhèanamh gach bliadhna. (Gnìomh: MAMI)

10 Planadh ghoireasan dhaonna (HR planning)

Bha pàipear air beulaibh Bhall le trì molaidhean agus chaidh deasbad a chumail. Chaidh na leanas aontachadh:

Preseantair & cuidiche Riochdachaidh

Chaidh aontachadh ri na h-adhbharan airson na dreuchd. Chaidh mìneachadh gum biodh pròiseas fastaidh air a chumail in-taigh an toiseach, agus mu gheibhear neach iomchaidh cha bhiodh feum air a dhol a-mach gu fastadh fosgailte. Tha cead Ofcom agus cinnt mu bhuidseat riatanach an toiseach.

Einnseanair Craolaidh (Broadcast engineer)

Chaidh aontachadh ri ri na h-adhbharan airson na dreuchd. Dheigheadh fastadh fosgailte a chumail. Tha cead Ofcom agus cinnt mu bhuidseat riatanach an toiseach.

Obraiche Teicneòlais (ICT)

Chaidh aontachadh gu bheil barrachd meòrachadh ri dheanamh air na tha a dhìth mu tha MG ALBA gu bhith a' coileanadh an ro-innleachd IT, agus gum biodh pàipear fa chomhair na Comataidh san Lùnastal (Gnìomh: CMD)

11 Aithisg air HR

Bha pàipear air beulaibh Bhall agus chaidh deasbad a chumail. Chaidh iarraidh air oifigearan dèanamh cinnteach gun robh smachd air cosgaisean co-cheangailte ri seirbhisean HR agus gum biodh a' chùmhnannt teann agus a' dol gu sanas. (Gnìomh: DC). Chaidh còmhradh a chumail air cunnartan co-cheangailte ri bhith a' draibheadh às leth na buidhne ann an carbadan na buidhne no ann an carbadan prìobhaideach, agus gum bu chòir ar Poileasaidh Slàinte & Sàbhailteachd, Leabhar-Làimhe na buidhne agus poileasaidh pàighidh chosgaisean siubhail a bhith tèarainte a thaobh na h-uallaichean a bha air luchd-obrach (àrachas, cead-draibhidh, msaa) agus air a' bhuidheann (stiùir do luchd-obrach, dearbhadh ceadan-draibhidh, gun a bhith pàigheadh mileage gun dearbhadh air àrachas. (Gnìomh: CMD).

12 Measadh Chunnartan

Bha pàipear agus clàr nan cunnartan air beulaibh Bhall, far an deach dà chunnart ùra a chuir ris a' chlàr, le ath-sgrùdadh a dhèanamh air dhà eile.

Chaidh còmhradh a chumail air an dà chunnart as àirde – gainnead phrògraman ùra agus an cunnart gun caill an t-seanail taic agus maoin mu chumas ruigse nàiseanta na seanail agus

figearan an iPlayer a' tuiteam, agus gun robh feum air ro-innleachdan a chuireadh stad air a' chrionadh. Dheigheadh clàr nan cunnartan a dheasbad aig an ath choinneamh den Sgioba Àrd-stiùiridh agus thig e air ais chun Chomataidh. (Gnìomh: NMG)

13 Fios air a' Phlana Obrachaidh & suidheachadh maoinachaidh

Bha pàipear air beulaibh Bhall agus chaidh deasbad a chumail. Chaidh innse gu robhas a' feitheamh air fios bho Riaghaltas na h-Alba am biodh £11.8 no £12.8 sa bhuidseat aig MG ALBA airson 2016/17 agus fios bhon BhBC an robh iadsan an dùil £1m a bharrachd a chuir gu prògraman airson 2016/17. Chaidh innse gum bu chòir fios a bhith air na gnothaichean seo taobh a-staigh deich là. Thèid am Plana Obrachaidh atharrachadh dha rèir agus a chuir air beulaibh Ofcom a-rithist (Gnìomh: DC). Feumar plana PR a chuir an cèill gus an naidheachd seo a chuir an cèill. (Gnìomh: IMT).

14 Aithisgean air leth

Bha pàipear air beulaibh Bhall fo Riaghailt A.4.5 sna Riaghailtean Ionmhais. Bhathas ag iarraidh air a' Chomataidh daingneachadh a dhèanamh air atharrachaidhean buidseit thairis air crìochan atharrachaidh buidseat tiomnaichte don Àrd-Oifigear, anns na buidseatan a leanas: Rannsachadh, Trèanadh Gnìomhachais, Cosgaisean Rianachd agus Trèanadh luchd-obrach agus Bhall. Chaidh aithneachadh nach robh sùbailteachd ann an Rannsachadh, Trèanadh Gnìomhachais agus Trèanadh luchd-obrach oir air diofar adhbhar b 'fheudar a' chosgais a ghiùlain. Chaidh na trì buidseatan sin aontachadh, agus chaidh aontachadh gun rachadh am buidseat air Cosgaisean Rianachd a chur fa chomhair a' Bhùird. Chaidh a chlàradh gu bheil a' Chomataidh a' moladh gur ann ron a' chosgais a bu chòir an ùghdarras seo a bhith ga lorg, oir bu chòir dha bhith comasach do Bhuill am buidseat ùr aontachadh no a dhiùltadh. Dheigheadh pàipear ath-sgrìobhte a chuir chun Bhùird ag ràdh sin. (Gnìomh: NMG)

Dheigheadh cead iarraidh air a' Bhòrd ùghdarras tiomnaichte a thoirt don Chomataidh leithid de chosgais a cheadachadh bho seo a-mach. (Gnìomh: NMG)

A thaobh cosgaisean siubhal agus bith-beò, chaidh aontachadh an tuilleadh feum a chuir ann an teicneolas airson coinneamhan, a' sàbhaladh chosgaisean agus a' lùghdachadh eimiseanan carbain. (Gnìomh: NMG). Sa cho-theacsa seo, chaidh aontachadh cosgaisean cuibhseach fhaighinn de choinneamhan Bùird & Comataidh a-rèir càite robh iad air an cumail: ann an Steòrnabhagh, Glaschu, Dùn Èideann. (Gnìomh: NMG).

Chaidh aontachadh sùil a thoirt air na Gnàth-riaghailtean gus dèanamh cinnteachd gu bheil làthaireachd electronigeach ceadaichte. (Gnìomh: NMG)

15 Saorsa fiosrachaidh

Bha pàipear air beulaibh Bhall le fios mu iarrtas saorsa fiosrachaidh agus fios mu Phoileasaidh Dìon Chloinne a bha dha dheasachadh. Chaidh aontachadh cur ris an dreach phoileasaidh agus gun deigheadh a chuirteachadh air a' Chomataidh aig an ath choinneamh. (Gnìomh: NMG)

16 GISBE

Chaidh aontachadh gur e deagh chleachdadh a bhiodh ann ainm-sgrìobhte a' Chathraiche fhaighinn air gearr-chunntas choinneamhan bho seo a-mach. (Gnìomh: MAMI)

Deit na h-ath choinneimh – 10/5/16, Dùn Èideann

Ainm sgrìobhte a' Chathraiche:

Deit: